

Bòrd na Gàidhlig

Brath Naidheachd
Press Release



PLEASE SCROLL DOWN FOR ENGLISH VERSION

Cleachd sa bhad

Bòrd na Gàidhlig ag aithris air an t-soirbheachadh ann an 2011/12 agus a' coimhead air adhart ri 2012/13

Tha Bòrd na Gàidhlig air an Aithisg Bhliadhnailear airson na bliadhna ionmhais 2011/12 a chur fa chomhair na Pàrlamaid agus air a foillseachadh an-diugh, a' togail air raon fharsaing de thaic ionmhasail is gnìomhach do choimhairsnachdan, buidhnean agus daoine fa leth air feadh Alba.

Chaidh maoineachadh a bhualeachadh air 256 tagraiche gu h-iomlan, a' gabhail a-steach 70 tabhartas do sgeamaichean Tràth-Bhliadhnaichean is Foghlaim agus 186 tabhartas do bhuidhnean coimhairsnachd, buidhnean Ealain agus buidhnean poblach a' gnìomhachadh Phlanaichean Gàidhlig.

Tha an Aithisg Bhliadhnailear mar aon de na sgrìobhainnean conaltraidh ro-innleachdail as cudromaiche don bhuidheann, a' mìneachadh na tha a' bhuidheann air a choileanadh sa bhliadhna a dh'fhalbh agus a' coimhead air adhart ris a' bhliadhna a tha ri teachd.

A' togail air na coileanaidhean a tha air am mìneachadh san aithisg, thuirt Cathraiche Eadar-amaill Bòrd na Gàidhlig, Ealasaid Nic an t-Saoir: "Is ann le toileachadh a tha sinn comasach air Aithisg Bhliadhnailear na bliadhna seo a chur fa chomhair Pàrlamaid na h-Alba, an dèidh ainm a chuir rithe air 19 Òg-mhios, a' daingneachadh an adhartais nach beag a tha ri fhaicinn sa Bhòrd thar na bliadhna a chaidh seachad. Tha an ùine seo air a bhith glè dhùbhlachanach don Bhòrd ann an liubhairt ar prògram ghnìomhachdan àbhaisteach a thuilleadh air a bhith a' cruthachadh am Plana Càinain Nàiseanta Gàidhlig ùr, ach a dh'aindeoin sin tha iad air an dearbhadh soirbheachail. A' coimhead thar nan trì roinnean sa bhuidheann, tha an Aithisg a' toirt iomradh air gnìomhachdan a tha a' taisbeanadh tòiseachadh barraichte a dh'ionnsaigh liubhairt a' Phlana Càinain Nàiseanta Gàidhlig agus a' comharrachadh nan raointean air am bithear a' cuimseachadh gu sònraichte sa bhliadhna a tha romhainn."

Mar a h-uile buidheann a tha a' faotainn maoineachadh poblach, tha Bòrd na Gàidhlig air a sgrùdadh gu cunbalach a-muigh agus a-staigh. Tha seo a' cumail suas agus a' neartachadh riaghlaigh air an taobh a-staigh agus aig an aon àm a' dèanamh

Bòrd na Gàidhlig

Brath Naidheachd
Press Release



cinnteach gu bheil a' bhuidheann a' leantainn air adhart a' cosg mhaoinean gu h-eifeachdach. Is e Bòrd na Gàidhlig a' chiad bhuidheann poblach air a sgrùdadadh le Sgrùdadadh Alba a chuir ainm ri Aithisg Bhliadhnaile agus Cunntasan am bhliadhna, gu dà-chànanach.

Thuirt an t-Àrd-Mhanaidsear aig Sgrùdadadh Alba, Asif Haseeb: “S e urram a th’ ann dhomh agus tha mi fior thoilichte m’ ainm-sgrìobhte a chur ris an tionndadh Ghàidhlig den teisteanas sgrùdaidh. ’S e seo a’ chiad uair do Sgrùdadadh Alba; ’s e aon de na priomhachasan as cudromiche a th’ againn a bhith a’ cumail bhuidhnean poblach cunntachail agus a’ dèanamh sin gu poblach, agus tha foillseachadh ann an Gàidhlig is Beurla a’ cur taic ris an seo. Tha e a’ fàgail ar n-obair agus ar toraidhean so-ruigginneach do dhiofar raointean den choimhearsnachd agus tha e a’ cur taic ri ar dealais a thaobh aithneachadh agus dèanamh luaidh air iomadachd na h-Alba.”

DEIREADH

Airson tuilleadh fiosrachaид mu shusbaint na brath naidheachd seo, cuiribh fios gu Alasdair MacFhionghuin, Leasaiche Sheirbheisean Corporra aig Bòrd na Gàidhlig, air post-d gu alasdair@gaidhlig.org.uk no fòn gu 01463 225 454.

NOTAICHEAN DO LUCHD-DEASACHAIDH

Tha na leanas a’ toirt iomradh goirid air gnìomhachdan Bhòrd na Gàidhlig tron bhliadhna ionmhais 2011/2012.

Foghlam


- **23** – buidhnean Tràth-bhliadhnaichean (0-3) ùra no ath-stèidhichte
- **46** – buidhnean Tràth-bhliadhnaichean maoinichte
- **24** – oileanaich a’ faotainn thabhartasan foghlaim

Leasachadh Càinain

- **15** – buidhnean Gàidhlig le aontaidhean maoineachaид (na priomh bhuidhnean Gàidhlig)
- **68** – pròiseactan coimhairsnachd maoinichte tro sgeama maoineachaид Taic Freumhan Coimhairsnachd
- **27** – pròiseactan maoinichte tro sgeama maoineachaид ColmCille (co-rianachd le Foras na Gaeilige)

Bòrd na Gàidhlig

Brath Naidheachd
Press Release



- **4** – *Planaichean Gàidhlig Bhuidhnean Poblach air an aontachadh (23 gu h-iomlan gu ruige seo, nam measg 5 Ùghdarrasan ionadail); agus 27 Buidhnean an dèidh fios fhaighinn gus Planaichean Gàidhlig ullachadh*
- **52** – *pròiseactan maoinichte tro sgeama maoineachaidh GLAIF (Maoin Buileachaидh Achd na Gàidhlig) gus taic a chur ri Planaichean Gàidhlig Bhuidhnean Poblach*
- **7** – *pròiseactan rannsachaidh air am maoineachadh*
- **13** – *pròiseactan air am maoineachadh tro ar maoin Ealain.*

Corporra

- **94%** KPI air a choileanadh (29/31)

Chuireadh ri **9/15** de na Builean Nàiseanta ann am Frèam-obrach Coileanaidh Nàiseanta Riaghaltas na h-Alba

Dealbhan an luib seo:

Dealbh 1


Cli gu Deas: Iain Aonghas MacAoidh, Ceannard Bòrd na Gàidhlig; Dr Alasdair Allan, Ministear airson Ionnsachadh, Saidheans agus Cànanan na h-Alba; Ealasaid Nic an t-Saoir, Cathraiche Eadar-amail Bòrd na Gàidhlig.

Dealbh 2

Cli gu Deas: Asif Haseeb, Àrd-Mhànaidsear, Sgrùdadadh Alba; Iain Aonghas MacAoidh, Ceannard Bòrd na Gàidhlig

Bòrd na Gàidhlig

Brath Naidheachd
Press Release



Use: Immediate

Bòrd na Gàidhlig reports on success in 2011/12 and plans for 2012/13

Bòrd na Gàidhlig has presented to Parliament and today published its Annual Report for the 2011/12 financial year, highlighting a wide range of financial and practical support to communities, organisations and individuals throughout Scotland.

In total, funding was approved for 256 applicants, including 70 grants for early years and education schemes, and 186 for community groups, arts organisations and Public Bodies implementing Gaelic Plans.

The Annual Report is one of the organisation's most important strategic communication documents, illustrating what the organisation has achieved in the previous year and looking ahead to the following year. Highlighting the achievements outlined in the report, Bòrd na Gàidhlig Interim-chair, Elizabeth McAtear said: "We are pleased to present this year's Annual Report to the Scottish Parliament, signed off on 19 June, confirming the considerable progress seen in the Bòrd over the last year. This period has been very challenging for the Bòrd in delivering our normal programme of activity and creating a new National Gaelic Language Plan, but, despite that, it also proved to be successful. Looking across the 3 departments of the organisation, the Report describes activities which demonstrate excellent preliminary steps towards delivery of the new National Gaelic Language Plan, and signposts the areas which will be given particular attention in the coming year."

Like all organisations that receive public funding, Bòrd na Gàidhlig is regularly audited both internally and externally. This maintains and strengthens internal governance whilst ensuring the organisation continues to spend funds effectively. Bòrd na Gàidhlig is the first Public Body audited by Audit Scotland to sign off its Annual Report and Accounts this year, bilingually.

Senior Manager at Audit Scotland Asif Haseeb said: "I feel privileged and delighted to be able to sign the Gaelic version of the audit certificate. This is a first for Audit Scotland; one of our core priorities is holding public bodies to account and doing this in public, and publishing in both Gaelic and English supports this. It makes our work and findings accessible to different parts of the community and it supports our commitment to recognising and celebrating Scotland's diversity."

www.gaidhlig.org.uk

Bòrd na Gàidhlig

Brath Naidheachd
Press Release



ENDS

For further information on the contents of this news release please contact Alasdair MacKinnon, Head of Finance & Corporate Services, Bòrd na Gàidhlig by emailing alasdair@gaidhlig.org.uk or phoning 01463 225 454.

NOTES TO EDITORS

The following is a brief description of Bòrd na Gàidhlig's activities during the financial year 2011/2012.

Education

- **23** – new or re-established Early-Years (0-3) groups
- **46** – Early-Years groups funded
- **24** – students received education grants

Language Development

- **15** – Gaelic organisations with funding agreements (main Gaelic Organisations)
- **68** – community projects funded through the Taic Freumhan Coimhleasnachd (Community Support funding scheme) (
- **27** – projects funded through the ColmCille funding scheme (Jointly administered with Foras na Gaeilge)
- **4** – Public Bodies Gaelic Plans agreed (total of 23 agreed to date, including 5 Local Authorities); and 27 Bodies given notice to prepare Gaelic Plans
- **52** - projects funded through the GLAIF (Gaelic Language Act Implementation Fund) funding scheme to support Public Bodies' Gaelic Language Plans
- **7** – research projects funded
- **13** - projects funded through our Arts fund

Corporate

- **94%** KPI achieved (29/31)
- Contributed to **9/15** of the National Outcomes in the Scottish Government's National Performance Framework

Bòrd na Gàidhlig

Brath Naidheachd
Press Release



PHOTOGRAPHS ATTACHED:

Photograph 1

Left to Right: John Angus MacKay, CEO Bòrd na Gàidhlig; Dr Alasdair Allan, Minister for Learning, Science and Scotland's Languages; Elizabeth MacAtear, Interim-Chair Bòrd na Gàidhlig

Photograph 2

Left to Right: Asif Haseeb, Senior Manager at Audit Scotland; John Angus MacKay, CEO Bòrd na Gàidhlig.